

Na bòtannan mòra



An teacs a Lynne Burgess
Na dealbhan Anne Parsons
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnall air cuairt sgoile.
'S ann gu tuathanas a bha iad a' dol.
"Chì sinn na beathaichean uile,"
arsa Dòmhnall.



Nuair a ràinig iad an tuathanas,
thuirt an tidsear, “Cuiribh oirbh ur
bhòtannan a-nis.”

“Chan eil mo bhòtannan agam,”
arsa Dòmhnall. “Dè nì mi?”

“Siud bhòtannan dhut,” thuirt an tuathanach.



Chuir Dòmhnall air na bòtannan.

“Seall Anna,” thuir e.

“Tha na bòtannan agamsa nas motha
na tha na bòtannan agadsa.”



Dh'fhalbh Anna a choimhead air na cearcan.
"Bheil sibh airson gràn a thoirt
dha na cearcan?" ars an tidsear.
"Tha mise!" arsa Dòmhnall.



Dh'fheuch Dòmhnall ri ruith chun an
tidseir ach thuit e.

“Chan urrainn dhomh ruith,” thuirt e.

“Tha mo bhòtannan ro mhòr.”



“Tugainnibh gus am faic sibh na gobhair,”
thuirt an tidsear. Ruith Anna chun an t-seada.
“Tha mise airson na gobhair fhaicinn,”
thuirt i.



Dh'fheuch Dòmhnall ri cumail suas ri Anna ach cha b' urrainn dha ruith le na bòtannan mòra. "Cha toil leam na bòtannan seo," thuirt e.



“Tugainnibh gus am faic sibh an t-each,”
thuirt an tidsear. “Cò tha airson curran a
thoirt dha?”

“Tha mise!” arsa Dòmhnall.

“Tha an t-each cho mòr. Feumaidh tu sreap
air a’ bhogsa seo,” thuirt an tidsear.



Dh'fheuch Dòmhnall ri sreap air a' bhogsa
ach thuit aon bhòtann dheth.

“Tha mo bhòtannan ro mhòr,” thuirt Dòmhnall.



“Bheir mise an curran dhan each,” ars Anna.
Cha robh Dòmhnall idir toilichte.



“Tugainnibh a-nis,” ars an tidsear.

“Thèid sinn a-null dhan phàirc.”



Nuair a ràinig iad a' phàirc
dh'fhosgail an tidsear an geata.

“O, seall an laogh,” ars Anna.

“Am faod mi dhol faisg air?”

“Faodaidh,” thuirt an tuathanach.

“Ach tha poll fliuch an sin.”



Dh'fheuch Anna ri coiseachd a-null
chun an laoigh ach bha tòrr puill ann.

“Haidh!” ars Anna.

“Cha ruig mi air an laogh.”



Thug an tuathanach sùil air na bòtannan mòra aig Dòmhnall.

“Tha na bòtannan agadsa mòr. Trobhad còmhla rium agus chì thu an laogh,” thuirt e.



Choisich Dòmhnall tron pholl a-steach
dhan phàirc. Thàinig an laogh beag a-nall
gu Dòmhnall.

“Is toil leam mo bhòtannan mòra a-nis,” thuirt e.